

NA G A I D H E I L A N N A N C A N A D A.

[BUINIG DACHAIDHEAN DHAIBH FÉIN AIR
MACHRAICHEAN NA H-AIRD-AN-IAR.]

Tha dluth-cheangail aig Gaidheil Alba ri Canada. An uair a fluair na Breatunnaich buaidh air na Frangaich aig Quebec bha na saighdearan Gaidhealach a'n sin, a' nochdadadh mar bu nòs, an gaisge 's a bhlaire am crualal. Bha reiseamaid nam Frisealach air a' deanamh suas de dhaoine bho na siorramachdan Gaidhealach, agus bu chainnt, ach beag, gach duine dhiubh, a Ghaidhlig. An deigh do'n chogadh criochnach adh, agus an duthaich 'thighinn fo riaghlaigh Breatainn, shuidheach moran de na saighdearan ann am Mòr-Roinn Quebec, agus na Mòr Roinnean ri taobh na mara Atlantic, ris an canar Nova Scotia, Eilean a Phrionnsa, agus Ceap-Breatainn, far an d'has iad lionmhòr agus, ri uine, sealbhach. Bha guth agus ugh-darras mòr aca ann an riaghlaigh na duthcha, agus bha Gaidheil Chanadach ann an uine ghoirid cho iomraiteach ann an cuisean siobhalta na tire, 's a b' abhaist d'an athraichean a bhi gaisgeal am bad namhaid air an raon.

Bha tri chearnaidean do'n duthaich anns an do thuinnich na Gaidheil aig amanan sonraighe.

An toiseach, anns na Roinnean mu 'n chuan-an-eas; a rithisd ann an Roinn Mòr Ontario, no mar a theirte ris aig an am ud, Canada Uachdrach; agus mu dheireadh air *machraichean mora an iar* agus thairis air na sleibhteann arda gu garbh-chriochan na h-airde-an-iar-thuath.

Thoisich na Gaidheil a'thigheann a stigh do Chanada Uachdrach bho cheann corr is ceud bliadhna roimhe so.